

# *Litir do Luchd-Ionnsachaidh*

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at [roddy.maclean@bbc.co.uk](mailto:roddy.maclean@bbc.co.uk) \**

Uaireannan, bidh sinn a’ cleachdadh faclan airson bliadhnaichean gun fios a bhith againn cò às a thàinig iad bho thùs. Tha eisimpleir againn anns an fhacal *teòclaid* neo, ann am Beurla, *chocolate*. Thàinig am facal sin a-steach don Bheurla anns an t-seachdamh linn deug bhon Spàinntis, *chocolate*.

Ach chan e facal Spàinntis a bh’ ann bho thùs. Thog na Spàinntich e thall ann am Mexico bhon treubh ainmeil anns an dùthaich sin, na h-Aztecs. Ann an Aztec, agus gabhaibh mo leisgeul ma tha mi ga ràdh gu ceàrr, ’s e *xocolatl* a bh’ ann, agus thàinig e bho dhà fhacal anns a’ chànan aca, *xococ*, a tha a’ ciallachadh “searbh”, agus *atl*, a tha a’ ciallachadh “uisge”. Mar sin, tha co-dhiù aon fhacal againn ann an Gàidhlig a thàinig bho thùs bho chànan nan Aztecs.

’S e a thug orm smaoinichadh mu dheidhinn seo gu robh mi a’ dèanamh beagan rannsachaidh. Seadh, bha mi a’ rannsachadh. Agus dè thàinig fo m’ aire ach am facal sin fhèin – *rannsachadh*. An latha an-diugh, cluinnear gu math tric e, gu h-àraidh anns na naidheachdan air an rèidio agus air telebhisean. Tha e co-ionann ris an fhacal *research* neo *inquiry* ann am Beurla.

Canaidh sinn *ionad-rannsachaidh* airson *research institute*, *sgioba-rannsachaidh* airson *research team*, *rannsachadh poblach* airson *public inquiry* is mar sin air adhart. Cluinnidh sibh rudan air an rèidio mar “tha am poilis a’ rannsachadh bàs fir ann an Glaschu.” ’S e cuideachd am facal a tha sinn a’ cleachdadh far a bheilear ag ràdh *explore* neo *exploration* ann am Beurla. ’S e fear-rannsachaidh ainmeil a bh’ ann an Daibhidh Mac Dhunleibhe, ann an Afraga, mar eisimpleir.

Ach, ma bheir sibh sùil ann am faclair, chì sibh gu bheil am facal cuideachd a’ ciallachadh “a’ coimhead airson rudeigin”, “a’ rùrachadh” agus “a’ sgrùdadh”. Nuair a bhios an gille agam ag iarraidh stocainnean a lorg anns a’ mhadainn, feumaidh e uaireannan rannsachadh mòr a dhèanamh anns an t-seòmar aige, leis na th’ ann de stuth aige, agus e gu lèir mì-sgiobalta!

Tha a’ chiall sin nas fhaisge air a’ chiall a bh’ air an fhacal *rannsachadh* aig tùs. Agus cò às a thàinig am facal? Uill, a rèir nan sgoilearan, ’s ann à cànan nan Lochlannach a thàinig e. Ann an Lochlannais, ’s e *rannsaka* a bh’ ann. Thàinig e bho dhà fhacal anns a’ chànan sin – *rann*, a’ ciallachadh *taigh*, agus *saka*, a’ ciallachadh *lorg*, neo *coimhead airson rudeigin*. Rannsaka.

Nise, bidh sibh eòlach air facal Beurla a thàinig bho na dearbh fhreumhan Lochlannach. *Ransack*. Tha sin a' ciallachadh an-diugh “a' milleadh”, neo “a' creachadh”. Ach tha e cuideachd a' ciallachadh “a' coimhead gu mionaideach airson rudeigin ann an taigh, neo bocsa, neo àite dhen t-seòrsa”. Is tha an dearbh chiall fhathast aig *rannsachadh* anns a' chànan againn fhèin.

Tha smuain a' cuairteachadh nam cheann mu na Lochlannaich nuair a thàinig iad a dh'Alba an toiseach, agus iad a' togail chreach anns na manachainnean agus taighean aig na Gaidheil air cladaichean na dùthcha. Tha mi a' faicinn nam inntinn dealbh de bhalach òg a' ruith a dh'ionnsaigh an taigh' aige air costa siar na Gaidhealtachd, agus an t-eagal air.

“A Mhamaidh, a Mhamaidh,” tha e ag èigheachd, “tha Lochlannaich a' tighinn. Daoine mòra le clogaidean is claidheamhan.”

“O,” tha a mhàthair ag ràdh, “tha iad a' tilleadh – airson tuilleadh dhen ‘rannsachadh’ aca a dhèanamh.”

“Och uill, tha sin math gu leòr, ma thà,” tha am balach a' freagairt. “Tha mi an dòchas, ge-tà, nach cur iad cus cheistean orm!”

\* \* \*

**Faclan na seachdainne:** teòclaid: *chocolate*; Spàinntis: *Spanish language*; a' rùrachadh: *rummaging, searching, groping*; a' sgrùdadh: *scrutinizing, investigating, researching*; stocainnean: *socks*; ciall: *meaning*; Lochlannach: *Viking*; Lochlannais: *Norse language*; a' milleadh: *damaging, destroying*; a' creachadh: *plundering, ruining*; clogaidean: *helmets*; claidheamhan: *swords*.

**Abairtean na seachdainne:** cò às a thàinig iad bho thùs: *where they came from originally*; gabhaibh mo leisgeul ma tha mi ga ràdh gu ceàrr: *excuse me if I am saying it wrongly*; feumaidh mi aideachadh nach eil mi eòlach orra: *I must admit that I do not know them*; cluinnear gu math tric e: *it is heard quite often*; tha am poilis a' rannsachadh bàs fir ann an Glaschu: *the police are researching the death of a man in Glasgow*; 's e fear-rannsachaidh ainmeil a bh' ann an Daibhidh Mac Dhunleibhe: *David Livingstone was a famous explorer*; tha a' chiall sin nas fhaisge air a' chiall a bh' air X aig tùs: *that meaning is closer to X's original meaning*; a thàinig bho na dearbh fhreumhan Lochlannach: *that came from the same Norse roots*; tha smuain a' cuairteachadh nam cheann: *a thought is circulating in my head*; a' togail chreach anns na machainnean agus taighean aig na Gaidheil: *plundering the monasteries and houses of the Gaels*; tha mi an dòchas nach cur iad cus cheistean orm: *I hope they will not ask me too many questions*.

**Puing ghràmair na seachdainne:** *Last week we looked at the slenderisation of the singular noun, and its adjectives, in the genitive case. It crops up again in the word which is the subject of this week's Litir – rannsachadh (in its nominative form). In the genitive singular form, this is rannsachaidh and it occurs as such in the following instances: beagan rannsachaidh (a little [of] research) and tuilleadh rannsachaidh (more [of] research). It also occurs in the genitive form in a couple of compound nouns, functioning as an adjective, ie ionad-rannsachaidh (research institute) and sgioba-rannsachaidh (research team). This would also be the form used with the verbal noun in the presence of the definite article ie tha mi a' dèanamh an rannsachaidh (I am doing the research).*

**Gnàths-cainnt na seachdainne:** leis na th' ann de stuth aige, agus e gu lèir mì-sgiobalta: *with the amount of stuff he has, which is all untidy*. Leis na th' ann is a *useful expression*. Leis na bh' ann de luchd-amharc gach oidhche, bha na geamannan Oilimpigeach gu math

soirbheachail (*with the amount of spectators they had every night, the Olympics were very successful*).

\* *“Litir do Luchd-Ionnsachaidh” is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig*